

DÈ DH' ADHBHRAICH AN TIONNSGAL EACONOMAIGEACH?

Aig deireadh an leasain, faodaidh tu:

- Na rudan a bha ag atharrachadh ann an eachdraidh eaconamach/ gnìomhasach na h-Alba a thuigse
- Nan adhbharan son rudan a bha ag atharrachadh san eaconamaidh a thuigse/a mheas



Dè bh' anns an Tionnsgal Eaconomaigeach?

Bho seachd ceud deug 's a caogad (1750) gu naoi ceud deug (1900), dh'atharraich Breatainn bho eaconamaidh stèidhichte air àiteachas gu eaconamaidh stèidhichte air gnìomhachasan-eaconamach, sa mhòr-chuid dheth. Mar thoradh air an seo, dh'fhàs Breatainn beairteach agus làidir, agus bha i na prìomh dhùthaich san t-saoghal air fad aig an àm.

Thug e caogad (50) bliadhna eile co-dhiù mus do thòisich Tionnsgal Eaconomaiceach ceart ann an cuid de dhùthchannan eile san Roinn Eòrpa.

Bha an saoghal againn air a bhith gu math eadar-dhealaichte an-diugh, mur b' e gun robh an tionnsgal seo air a bhith ann idir!

Faodar a ràdh, gur e an Tionnsgal Eaconamaiceach, an atharrachadh as cudromaiche a-riamh a thachair dha Breatainn.

Fios A



An t-eòlaiche eachdraidh

Peadar Moss

“

Ghabh iarann agus stàilinn àite nan rudan a bha dèante le fiodh. Ghabh cumhachd à innealan-smùide àite cumhachd bho dhaoine agus beathaichean.

”




B' àbhaist rudan de gach seòrsa a bhith dèante le obair-làimhe ann an dachaighean dhaoine; ghluais seo gu siostaman-obrach meacanaigeach, le innealan no beairtean fo chumhachd na smùid no uisge, ann am factaraidhean mòra.

Bhiodh cairt le each a' siubhal aig trì mìle san uair air rathaidean garbh agus salach. An dèidh sin, bhiodh trèanaichean air na rèilichean-iarainn a' siubhal suas ri cha mhòr seasgad (60) mìle san uair.

Bha bailtean mòr a' fàs fad an t-siubhal, ann am meadhan agus ceann a tuath Shasainn, agus ann an Alba cuideachd.

DÈ NA RUDAN DH'ADHBHRAICH AN TIONNSGAL EACONOMAIGEACH?



Ceannaiche as

na h-Innseachan

Mar dhùthchannan eile san Ìompaireachd aig Breatainn, tha fadachd oirnn son rudan/bathar a tha dèante ann am factaraidhean, airson an dùthaich againn fhìn a leasachadh.

Gu h-àraidh, tha cruaidh fheum againn air aodach clòimh agus stuthan meatailt airson nan innealan/beartan againn. Faodaidh sinn na rudan sin a cheannach bho Bhreatainn aig prìs a tha math. Mar an ceudna, reicidh sinne rudan dhaibhsan, mar chopair agus tì. Is e malairt shoirbheachail a th' ann, agus tha Breatainn ag obair gu math cruaidh, a' cumail suas ris na rudan a tha sinne ag iarraidh



Tha mi air a bhith gu math soirbheachail, a' reic thràillean fad bhliadhnaichean, agus tha fadachd orm gun cosnadh mo chuid airgid tuilleadh 's a chòrr. Tha mi a' lorg gnìomhachas air neo factaraidh ùr, far am b' urrainn dhomh mo chuid airgid a chuir gu feum.

Tha na mìltean de cheannaichean-thràill beairteach mar mi fhìn, deònach a chuir ri fàs an eaconamaidh ann am Breatainn.



Ceannaiche-thràill



“

Cluinnidh sinn mu dheidhinn innleachdan ùra fad an t-siubhail; a ‘Spinning Jenny’ aig Hargreaves; seachd ceud deug seasgad ‘s a còig (1765), a ‘Water Frame’ a bh’ aig Arkwright, seachd ceud deug seachdad ‘s a h-aon (1771) agus a ‘Spinning Mule’ aig Crompton, seachd ceud deug seachdad ‘s a naoi (1779). Faodaidh breabadairean agus snìomhadairean fada a bharrachd aodach clòimh a dhèanamh a-nis leis na h-innealan/beartan sin. Tha mise a’ cuir mo chuid airgid gu feum, a’ ceannach an inneal-fighe as ùir aig Cartwright, air obrachadh le cumhachd na smùid. Tha mi a’ cluinntinn gu bheil James Watt air adhartas mòr a dhèanamh le einnsean na smùid, a’ toirt chumhachd dhan h-uile inneal ann am factaraidhean air fad.

”



“

Tha tòrr mòr gual agus iarann a’ laighe fon ghrund ann am pailteas sa rìoghachd-sa. Is e obair chruaidh a bhios ann, an gual a thoirt a-mach às a’ ghrund, ach ga reic gu na factaraidhean son na h-einnseanan-smùid ùra aca, nì seo prothaid glè mhòr dhuinn.


”



“

Air sgàth ‘s gu bheil an t-uachdaran againn air a’ mhàl àrdachadh oirnn, chan urrainn dhuinn fuireach air a’ chroit. Tha cruaidh fheum agam air obair a lorg, ‘s mar sin tha sinn a’ siubhal gu deas a Dhùn Dè, airson obair a lorg sna muilnean-clò ùra shìos an sin. Tha na mìltean de dhaoine a bha a’ fuireach air an tuath a-nis a’ gluasad gu na bailtean ùra. Tha sinn deònach a bhith ag obair sna factaraidhean air tuarastal sam bith.

”



DEAN SEO



Cuir crìoch air an seantans seo: Bha an Tionnsgal Eaconamaiceach cudromach, oir...




Lìon an clàr gu h-ìosal leis an fhiosrachadh a leugh thu roimhe:

	Ciamar a bha seo pàirt dhan adhbhar gun do thachair an Tionnsgal Eaconamaiceach?
Ìompaireachd	
Tràillean	
Atharrachadh ann an àiteachais	
Gual	
Innealan no beartan ùra	



Nad bheachdsa, dè a' phrìomh adhbhar gun do thachair an Tionnsgal Eaconamaiceach?



4

Chuir innleadairean Albannach gu mòr ris an Tionnsgal Eaconamaiceach. Dèan faidhle-fiosrachaidh air aon de na leanas:




Seumas Watt
(1736 - 1819)



Seumas Young
(1811 - 1883)



Uilleam Murdoch
(1754 - 1839)




Am Morair Kelvin
(1824 - 1907)



Seumas Watt
(1736 - 1819)

Iain Boyd Dunlop
(1840 - 1921)



DÈ DH'ADHBHRAICH AN TIONNSGAL EACONOMAIGEACH?

e-stàras

ni
am